

Pàirt 1

- a. Càit an do dh'fhàs Mairead suas? 2
- b. Dè tha Mairead ag ràdh mun Ghàidhlig? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa. 2

	Gun robh a' Ghàidhlig aig a pàrantan.
	Gun d' fhuair i foghlam Gàidhlig sa bhun-sgoil.
	Gur i a' Ghàidhlig a' chiad chànan a bh' aice.
	Gu bheil i taingeil gun d' fhuair i cothrom a' Ghàidhlig ionnsachadh.

- c. Dè am feum a rinn a' Ghàidhlig dhi? 1
- d. Dè an obair a bha Mairead airson a dhèanamh? 1
- e. Càit an robh i a' dol a thrèanadh airson na h-obrach seo? 1
- f. Dè am fiosrachadh a tha air innse dhuinn mu Thaigh na Gàidhlig. Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa. 2

	Tha mòran oileanach airson àite fhaighinn ann.
	Tha goireasan nas fheàrr ann na tha ann an àiteachan-fuirich eile.
	Tha e nas saoire na àiteachan-fuirich eile.
	Bidh an fheadhainn a tha a' fuireach ann a' cur air dòigh thachartasan.

- g. Carson a chòrd Taigh na Gàidhlig ri Mairead? 1

Pàirt 2

- a. Càit an d’fhuair Mairead obair? 1
- b. Inns mar a tha a’ Ghàidhlig feumail do Mhairead na h-àite-obrach. Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa. 2

	Tha an cànan aig a h-uile duine an sin.
	Bidh an luchd-obrach ga bruidhinn ri chèile.
	Tha an cànan aig ceannard a’ chompanaidh.
	Tha aice ri tòrr den obair aice a sgrìobhadh sa Ghàidhlig.

- c. Ainmich dà shuidheachadh eile anns a bheil a’ Ghàidhlig feumail na h-obair. 2
- d. Mìnich mar a tha a’ Ghàidhlig cudromach ann an aon de na suidheachaidhean seo. 2

An earrann gu lèir

- a. Dè an dà phrìomh phuing, nad bheachd-sa, a tha aig Mairead anns an earrainn seo? 2
- b. Inns dè cho freagarrach ’s a bha an earrann seo dhut fhèin agus carson. 1

20